


Glasgow Life
Glaschubèò



GLASCHU BEÒ
Plana nan Ealan Gàidhlig
2025-2029

Ag àrach Cultar na Gàidhlig sa Bhaile

GLASGOW LIFE
Gaelic Arts Plan 2025-2029
Nurturing Gaelic Culture in the City



Glaschu Beò, pàirt de dh'Fhèis 2018 airson Farpaisean na h-Eòrpa ann an Glaschu. Tha cuot air a' bhòrd bhon sgrìobhadh air ìomhaigh-snaidhte ainmeil La Pasionaria. Dealbh: David Horsburgh.
Glasgow Life Gaelic Song Trail, part of Festival 2018 for the European Championships in Glasgow. The board quotes the inscription on the city's famous La Pasionaria sculpture: 'Better to die on your feet than live forever on your knees'. Photo: David Horsburgh.

Clàr-innse Contents

Ro-ràdh Introduction	4
Lèirsinn Vision	8
Misean Mission	11
Luachan Values	12
Amasan Aims	15
Co-theacsa Ghlaschu airson nan Ealan Gàidhlig Glasgow Context for Gaelic Arts	16
Co-theacs Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig National Context for Gaelic Arts	18
Plana nan Ealan Gàidhlig (Clàran 1-5) Gaelic Arts Plan (Tables 1 to 5)	25

Cover:
Babs NicGriogair a' cluich ann am Fòn Dhachaigh aig an Tramway mar phàirt de GUIR! 2024. Tha 29 neach-ealain air pàirt a ghabhail ann an GUIR! bho 2018. Dealbh: SNS.
Babs NicGriogair performing Fon Dhachaidh at Tramway as part of GUIR! 2024. 29 artists have participated in GUIR! since 2018. Photo SNS.

Ro-ràdh Introduction

Tha dlùth-cheangal aig a' Ghàidhlig ri Glaschu, san latha an-diugh, san àm a dh'fhalbh, agus san àm ri teachd agus is dòcha gu bheil an dàimh as doimhne agus as dlùithe aig Gàidheil Ghlaschu ris a' bhaile as motha ann an Alba, an dà chuid gu h-eachdraidheil agus san latha an-diugh. Tha làthaireachd bhun-stèidheachail cultar, dualchas agus ealain na Gàidhlig air cumadh a thoirt air beatha, dearbh-aithne agus coimhearsnachdan a' bhaile. An-diugh, tha an cruinneachadh as motha de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba taobh a-muigh nan Eilean Siar ann an Glaschu, a' sealltainn iomadachd saoghal Gàidhlig a' bhaile agus a' daingneachadh dleastanas sònraichte a' bhaile airson a bhith ag àrach saoghal ealain, cultar agus ceòl na Gàidhlig sa bhaile.

Tha figearan cunntas-sluaigh 2022 a' sealltainn gu bheil an àireamh iomlan de dhaoine ann an Glaschu aig aois 3 no nas sine aig a bheil sgilean sam bith sa Ghàidhlig air a dhol suas bho 9,469 ann an 2011 (1.7% de mhuintir Ghlaschu) gu 17,380 (2.9% de mhuintir Ghlaschu) ann an 2022, àrdachadh mòr de 84%.

Gaelic is inextricably linked to Glasgow's past, present and future, and Glasgow Gaels have perhaps the deepest and most intimate historical and contemporary relationship with Scotland's largest city. The foundational presence of Gaelic's rich culture, heritage, and arts has shaped the lives, identity, and communities of the city. Today, Glasgow has the largest concentration of Gaelic speakers in Scotland outwith the Western Isles, signifying the diversity of the city's Gaelic experience and underlining the city's unique responsibility to nurture its Gaelic arts, culture and music scene.

The 2022 census figures show a total number of people in Glasgow aged 3 or over with any skills in Gaelic has increased from 9,469 in 2011 (1.7% of the Glasgow population) to 17,380 (2.9% of the Glasgow Population) in 2022, an impressive increase of 84%.

A dh'aindeoin a' cheangail seo agus traidisean beairteach de sgeulachdan, bàrdachd, litreachas agus ceòl na Gàidhlig – gu tric air ainmeachadh mar an cruinneachadh cultarail as motha air taobh an iar na h-Eòrpa – tha a' Ghàidhlig fhathast na *cànan a tha dhà-rìribh ann an cunnart* [UNESCO, 2002]. A rèir eòlaichean cànan, tha pàirt dheatamach aig ealain is cultar ann a bhith ag ath-thilleadh crìonadh cànan. Cha gabh sgaradh a dhèanamh eadar ealain agus cultar agus comas cànan agus is urrainn dhaibh ruigsinn nas doimhne ann an psyche daonna agus buaidh agus cumadh a thoirt air beathannan agus coimhearsnachdan ann an dòighean nach gabh tomhas.

Taobh a-staigh na h-èiginn cànan seo tha na h-ealain nam meadhan air subhachas, togail mothachaidh, neartachadh dilseachd cànan, togail cànan, agus a' cur air adhart dearbh-aithne Albannach gun samhail. Nì ro-innleachd làidir cinnteach gum fàs a' Ghàidhlig mar chànan beò ann an coimhearsnachdan a' bhaile fad iomadh bliadhna ri teachd.

Despite this connection and the rich oral tradition of Gaelic story, poetry, literature and music – often cited as the largest cultural collection in Western Europe – Gaelic remains a *definitely endangered language* [UNESCO, 2002]. According to language experts, the role that arts and culture plays in reversing language decline is critical. Indistinguishable from language competency, arts and culture can reach deeper into the human psyche and influence and shapes lives and communities in unquantifiable ways.

Within this language emergency the arts are a means of celebration, consciousness raising, strengthening language loyalty, acquisition, and projection of a unique Scottish identity. A robust strategy will ensure that Gaelic is growing as a living language within the city's communities and well into the future.

84%

**Àrdachadh 84% san àireimh dhaoine ann an Glaschu le 'sgilean Gàidhlig sam bith' (bho 2011 gu 2022)
increase in people in Glasgow with 'any skills in Gaelic' (from 2011 to 2022)**

Tha cultar na Gàidhlig freumhaichte gu domhainn air àite agus tha comas aige aghaidh a chur air cuid de na dùbhlain a tha mu choinneamh a' chomainn-shòisealta, gu sònraichte a thaobh èiginn na gnàth-shìde, a bheir buaidh air coimhearsnachdan ionadail. Tha tòrr aig cultar na Gàidhlig ri ràdh mu cheartas, cumhachd agus aintighearnas agus mar a thogas sinn àm ri teachd a bhios nas cothromaiche dhan h-uile duine, a' gabhail a-steach an iomadh sluagh agus cànan a tha air imrich a-steach do ar coimhearsnachdan ionadail ann an Glaschu agus a tha air fàilte fhaighinn annta. Tha Plana nan Ealan Gàidhlig a' cur luach air eòlas dùthchasach is cultarach taobh a-staigh a' bhaile, a' toirt cothrom do Ghàidheil sean is ùr – luchd-ealain, cleasaichean, luchd-èisteachd, agus coimhearsnachdan – na dùbhlain agus na cothroman sin a choileanadh leis an dà chuid misneachd agus dòchas.

Tha na h-aon dùbhlain ro Ghlaschu 's a tha mu choinneamh cathair-bhailtean eile na h-Alba a thaobh nas lugha de stòrasan poblach agus dèiligeadh ri buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte. Nuair a tha cathair-bhailtean a' lorg dhòighean ùra airson co-obrachadh agus conaltradh le buidhnean nàiseanta, agus taobh a-staigh co-theacs èiginn cànan, bidh am plana seo ag amas air cothroman cultarail do dhaoine òga a dhion agus Gàidheil Ghlaschu an àm ri teachd a chomharrachadh. Tha sinn a' cur òrain, bàrdachd, agus ceòl Gàidhlig aig a chridhe, mar dhòigh gus cultar a chur an cèill, aig a bheil àite cudromach ann an bhith a' cruthachadh dearbh-aithne Gàidhlig ar n-òigridh.

The Gaelic culture is deeply rooted in place and has the potential to address some of the challenges facing society, particularly around the climate emergency, which impacts on local communities. Gaelic culture also has much to say about justice, power and oppression, and how we build more equitable futures for everyone, including the many migrating peoples and languages welcomed into our local Glasgow communities. The Gaelic Arts Plan values indigenous and cultural knowledge within the city, enabling old and new Gaels – artists, performers, audiences, and communities – to meet these challenges and opportunities with equal confidence and optimism.

Glasgow shares many of the issues faced by Scotland's other cities in dealing with reduced public resource and the impact of the pandemic. As cities seek new ways of collaborating and engaging with national bodies, and within the context of the language emergency, this plan will aim to safeguard cultural opportunities for young people and celebrate the Glaswegian Gaels of the future. We place Gaelic song, poetry, and music at its heart, as a means of cultural expression which plays an important role in the Gaelic-identity development of our young people.

Cuirm ainmeachadh craoibhe, Na Gàrraidhean Falaichte, 2018. Dealbh; David Horsburgh Naming the Tree ceremony, The Hidden Gardens, 2018. Photo David Horsburgh



Lèirsinn Vision

Prògram ealain Ghàidhlig beothail agus amalaichte, nas fheàrr na baile-mòr sam bith eile ann an Alba; le luach ga chur ann, air aithneachadh, agus air a chomharrachadh leis a h-uile duine a tha ceangailte ris a' Ghàidhlig a tha a' fuireach sa bhaile.

A dynamic and ambitious integrated Gaelic arts programme, unsurpassed by any other city in Scotland; valued, recognised, and celebrated by all connected to Gaelic living in the city.

Sgoilear à Sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail a' clàradh fuaim airson pròiseact fuaim air a stiùireadh le Màrtainn O'Connor, Luchd-ealain ann an Coimhearsnachdan, Glaschu Beò, 2023 (SNS)

A pupil at Glendale Gaelic school records audio for a sound piece project led by Glasgow Life Artists in Communities' Martin O'Connor, 2023 (SNS)



Cashlin NicCoinnich aig an Tramway mar phàirt de GUIR! 2024. Dealbh: SNS
Cashlin NicCoinnich performs at Tramway as part of GUIR! 2024. Photo: SNS



Misean Mission

Gus taic a chumail ri luchd-ealain Gàidhlig agus coimhearsnachdan eadar-mheasgte na Gàidhlig anns a' bhaile gus ealain, ceòl agus cultar na Gàidhlig àrach, àbhaisteachadh agus àrdachadh ann an co-theacsa com-pàirteachaidh coimhearsnachd, ionnsachadh cruthachail, agus cànan beò.

Bidh Glaschu Beò a' sior bhrosnachadh nan ealan Ghàidhlig tro ar prògraman uile, agus bidh sinn cuideachd mar mheadhan air lionraidhean agus co-obrachadh le com-pàirtichean bhon taobh a-muigh gus guthan Gàidhlig ùra a chumhachdachadh. Comasaichidh e cur an cèill ùr, gus cur ris an tuigse air an àite a th' aig cultar na Gàidhlig ann an comann-sòisealta an latha an-diugh.

To support Gaelic artists and diverse Gaelic communities in the city to nurture, embed and amplify Gaelic arts, music and culture within a community participation, creative learning, and living language context.

Glasgow Life will champion Gaelic arts across our programmes, whilst acting as a catalyst for networks and collaborations with external partners to empower new Gaelic voices. It will facilitate new expression, to deepen the understanding that Gaelic culture plays within contemporary society.

29

Àireamh an luchd-ealain Gàidhlig a tha air obair ùr a chruthachadh le taic bho GUIR! bho thòisich e ann an 2018

Number of Gaelic artists who have developed new work through support from GUIR! since it began in 2018

Luachan Values

Togaidh làn a h-uile long

Àrdaich - co-obrach gus aonachd agus neart a chruthachadh.

Is tric a bheothaich sràd bheag teine mòr

Àrach - siolach, cùm taic ris agus brosnach.

Chan fhiosrach mur feòraich

Brosnach - a' brosnachadh còmhraidh, mothachadh, agus deasbad.

Is fheàrr na'n t-òr sgeul air inns' air chòir

Spèis - a' toirt urram do ghliocas agus dualchas cultarach dùthchasach.

Chan fhàs còinneach air cloich air turraman

Ùr-ghnàthachadh - cleachd cruthachalachd gus atharrachadh brioghmhor a thoirt gu buil.

A rising tide lifts all boats

Elevate - collaborate to create unity and strength.

A small spark has often kindled a great fire

Nurture - seed, support and cultivate.

Nothing asked, nothing learned

Provoke - prompt discussion, consciousness, and debate.

Better than gold is the tale well told

Respect - honour indigenous wisdom and cultural heritage.

A rolling stone gathers no moss

Innovate - use creativity to bring about meaningful change.

Cèilidh Mòr ann an Ceàrnag Sheòrais airson
Farpaisean na h-Eòrpa, 2018
Mass Cèilidh in George Square for the
European Championships, 2018





Metagama, air an àrd-ùrlar aig Celtic Connections 2024. Tha an obair a' gabhail a-steach òrain Ghàidhlig thraidiseanta agus a' coimhead air imrich, an dà chuid gu h-eachdraidheil agus san latha an-diugh. Dealbh © Kris Kesiak airson Glaschu Beò Metagama performed at Celtic Connections 2024. The work includes traditional Gaelic song and explores themes of migration, both historic and contemporary. Photo © Kris Kesiak for Glasgow Life

Amasan Aims

1. A' tagradh airson, a' toirt fàs air agus a' dìon làthaireachd nan ealan Gàidhlig le bhith a' cur ri ruigsinneachd thar nan gnìomhachdan, nam prògraman agus nan coimhearsnachdan againn.
 2. Leasaich àrd-ùrlaran a th' ann mar-thà agus cruthaich lìonraidhean ùra eadar-mheasgte cuideachd, a' conaltradh le com-pàirtichean, buidhnean, luchd-amais agus luchd-ealain.
 3. Aithnich, cnuasaich air, agus ionnsaich bho Ghàidhlig ann an Glaschu san àm a dh'fhalbh agus san latha an-diugh, agus mar a bhios àite na Gàidhlig a' fàs is ag atharrachadh sa bhaile againn san àm ri teachd.
 4. Ruig luchd-amais ùra agus dèan obair eadar-ginealaich gus an tuigse agus am mothachadh mun Ghàidhlig agus cultar dùthchasach àrdachadh ann an còmhraidh an latha an-diugh.
 5. Neartaich faicsinneachd nan ealan Gàidhlig agus am prògram co-cheangailte riutha taobh a-staigh a' chruth-tìre chultaraich nàiseanta, agus sinn cuideachd a' meudachadh buaidh nan ealan Gàidhlig air ìomhaigh agus togail cànan.
1. Advocate, grow and safeguard the presence of Gaelic arts by increasing access across our activities, programming, and communities.
 2. Develop existing platforms whilst developing diverse new networks, engaging with partners, organisations, audiences and artists.
 3. Recognise, reflect, and learn from Glasgow's Gaelic past and present, and Gaelic's evolving role in our city's future.
 4. Reach new audiences and work intergenerationally to increase the understanding and consciousness around Gaelic and indigenous culture in contemporary discourse.
 5. Strengthen the visibility of Gaelic arts and its related programme within the national cultural landscape, whilst increasing the impact of Gaelic arts on language profile and acquisition.

Co-theacsa Ghlaschu airson nan Ealan Gàidhlig

Glasgow Context for Gaelic Arts

Tha Glaschu air aon de na bailtean as cudromaiche airson ealain, ceòl, dualchas is cultar san RA le prògram cunbhalach de thachartasan is fèisean nàiseanta is eadar-nàiseanta. Tha seo air a libhrigeadh ann an lìonra de dh'ionadan bho ionadan coimhearsnachd ionadail gu taighean-tasgaidh, gailearaidhean, agus stèideaman taisbeanaidh a-staigh agus a-muigh aig ìre na cruinne, agus a' gabhail a-steach buidhnean Gàidhlig nàiseanta.

Tha an cathair-bhaile air Ro-innleachd Cultair ùr fhoillseachadh bho chionn ghoirid agus tha Plana nan Ealan Gàidhlig mar thoradh dìreach air agus na fho-sheata den Ro-innleachd sin, a' co-thaobhadh ri agus a' libhrigeadh nam Prìomhachasan airson Com-pàirteachadh Cultarach agus Sgilean na bhroinn. Bithear a' sgrùdadh agus a' measadh Plana nan Ealan Gàidhlig gach bliadhna taobh a-staigh a' cho-theacsa seo.

Tha turasachd sheasmhach, cultar agus gnìomhachasan cruthachail nam prìomh phàirtean de ro-innleachd leasachadh eaconamach Ghlaschu. Thathar a' tomhas an luach a tha a' Ghàidhlig a' cur ris a' bhaile bho phrìomh fhèisean agus thachartasan aig £11.5 millean gach bliadhna (Danson, M, Chalmers, D, 2022). A thaobh Celtic Connections, bha tachartasan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a thaobh cànan, ealain is cultar, 'meadhanach' cudromach

Glasgow is one of the biggest centres of arts, music, heritage, and culture in the UK with a recurring programme of national and internationally programmed events and festivals. This is delivered across a network of venues ranging from local community centres to world-class museums, galleries, and indoor and outdoor live performance arenas, and including national Gaelic organisations.

The city has recently published a new Culture Strategy and the Gaelic Arts Plan is a direct output and subset of that strategy, aligning to and delivering on the priorities of 'Cultural Participation' and 'Skills' within it. The Gaelic Arts Plan will be monitored and evaluated annually within this context.

Sustainable tourism, culture and creative industries are key components of Glasgow's economic development strategy. The value of Gaelic's economic contribution to the city from major festivals and events can be estimated at more than £11.5 million each year (Danson, M, Chalmers, D, 2022). In relation to Celtic Connections, Gaelic-themed events in language, arts and culture, were 'fairly' or 'very' important to the majority (82%) of attendees (2021). The Merchant City Festival, Mela and Aye Write also have a Gaelic programme and their economic impact is not included in this figure.



no 'glè' chudromach dhan mhòr-chuid (82%) den luchd-frithealaidh (2021). Tha prògram Gàidhlig aig Fèis Baile nam Marsantan, Mela Ghlaschu agus Aye Write cuideachd agus chan eil a' bhuidhe eaconamach aca air a ghabhail a-steach san fhigear seo.

Tha am baile a' faighinn buannachd bho ionadan foghlaim adhartach is ùr-ghnàthach a tha a' toirt seachad teagasg, ionnsachadh agus rannsachadh thar raon farsaing de chuspairean. Tha seo a' gabhail a-steach Oilthigh Ghlaschu agus Conservatoire Rìoghail na h-Alba a tha a' tabhann slighe do luchd-foghlaim nan ealan Gàidhlig, le Maighstireachd ann am Foghlam ann an Ionnsachadh is Teagasg anns na h-Ealain, agus cùrsaichean fo-cheum ann an ceòl traidiseanta agus piobaireachd.

Tha seo uile stèidhichte air feallsanachd de dh'obair com-pàirteachais làidir agus de cho-obrachadh a thug comas dhan bhaile cliù a thogail aig ìre na cruinne airson aoigheachd a thoirt do phrìomh thachartasan agus phrògraman cultarach ùr-ghnàthach.

The city benefits from cutting-edge further and higher education institutions offering teaching, learning and research across a full range of disciplines. This includes the University of Glasgow, and the Royal Conservatoire of Scotland which offers a pathway for Gaelic arts educators, with an MEd in Learning and Teaching in the Arts, and undergraduate courses in traditional music and piping.

All of this is underpinned by an ethos of strong partnership working and collaboration which has enabled the city to develop a global track record and reputation for hosting major events and innovative cultural programming.

Above: Luchd-ealain ann an Coimhearsnachdan Màiri Mhoireasdan agus Rebecca Fhriseal a' cumail bùth-obrach do sgoiltean Gàidhlig, 2023 (SNS) Artists in Communities Mairi Morrison and Rebecca Fraser lead a Gaelic language schools workshop, 2023 (SNS)

Tha ùidh air fàs ann an ionnsachadh na Gàidhlig sna beagan bliadhnaichean mu dheireadh, le soirbheachas prògram ionnsachaidh ioma-àrd-ùrlar BBC ALBA SpeakGaelic, agus le 1.8 millean neach-ionnsachaidh Gàidhlig ùr a-nis a' cleachdadh na h-aplacaid ionnsachadh cànan Duolingo. Tha an t-iarrtas airson tachartasan ealain is cultarail Gàidhlig air a dhol suas nas motha na an t-àrdachadh seo ann an luchd-labhairt. Tha ceithir sgoiltean-àraich Gàidhlig ann an Glaschu, agus tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) sa bhaile fhathast air thoiseach air càch le 5 sgoiltean FtG air feadh a' bhaile: ceithir bun-sgoiltean – Bun-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail, Bun-sgoil Ghàidhlig Bhaile a' Ghobhainn agus Bun-sgoil Ghàidhlig a' Challtinn, agus Àrd-sgoil FtG – Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Anns a' bhliadhna sgoile 2022-23 bha 1600 duine-chloinne agus daoine òga clàraichte ann am FtG ann an Glaschu. Tha an t-iarrtas airson FtG anns a' bhaile a' sìor fhàs, bliadhna às dèidh bliadhna, agus leis a sin thig dùbhlain mhòra gu h-ionadail agus gu nàiseanta. Tha àite cudromach aig ealain, ceòl agus cultar ann am beatha luchd-labhairt òga na Gàidhlig sa bhaile, an dà chuid anns na roinnean foghlaim neo-fhoirmeil agus foirmeil.

Recent years have seen interest in learning Gaelic surge, with the success of BBC ALBA's multi-platform learning programme Speak Gaelic, and with 1.8 million new Scots Gaelic learners now using the language learning app Duolingo. The demand for Gaelic arts and cultural activities has surpassed this increase in speakers. Glasgow has four Gaelic language nurseries, and its Gaelic Medium Education (GME) continues to blaze a trail with 5 GME schools across the city: four Primary schools – Bun-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail, Bun-sgoil Ghàidhlig Bhaile a' Ghobhainn and Bun-sgoil Ghàidhlig a' Challtinn, and a GME Secondary School – Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. In the 2022-23 school year 1600 children and young people were enrolled across GME provision in Glasgow. The demand for GME in the city continues to grow, year on year, and with that comes significant challenges locally and nationally. Arts, music and culture have a significant role to play in the lives of young Gaelic speakers in the city, in both the informal and formal education sectors.

Tha Plana nan Ealan Gàidhlig a' dol an sàs le daoine òga le Gàidhlig air feadh a' bhaile ann an com-pàirteachas le diofar bhuidhnean air feadh a' bhaile le diofar phròiseactan a' gabhail a-steach na leanas: A' cruthachadh slighe ciùil Ghàidhlig do dh'aoisean 0-25; taic leantainneach airson fèis bhliadhnail Fèis Ghàidhlig Ghlaschu, a' cruthachadh Fèis nan Deugairean aig Celtic Connections; bùithtean-obrach 10-seachdainean le Àrd-Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu; agus – thar ùine a' Phlana – obair dhìreach còmhla ris na 5 sgoiltean FtG gus taic a thoirt do phrògramadh cruthachail anns gach tè aca.

The Gaelic Arts Plan engages with young Gaelic people across the city in partnership with various agencies across the city with various projects including: The development of a Gaelic musical pathway for ages 0-25; ongoing support for the annual Fèis Ghàidhlig Ghlaschu, developing Fèis nan Deugairean (Teenagers Fèis) at Celtic Connections; 10-week workshops with Àrd Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu (Gaelic High School); and – over the timeframe of the Plan – direct working work with the 5 GME schools to support creative programming in each of them.

Bha ceistean ann an Suirbhidh Bheachdan Sòisealta na h-Alba 2021 mun Ghàidhlig airson a' chiad uair bho 2012. Fhuair e a-mach gu bheil a' Ghàidhlig a' cur ri sunnd, le 70% de dh'inbich ag ràdh gun robh faireachdainn de choileanadh aca bho bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig. Dhùblaich an àireamh de dh'Albannach a b' urrainn beagan Gàidhlig a bhruidhinn bhon deichead mu dheireadh agus thuir 79% de dhaoine gu bheil a' Ghàidhlig glè chudromach no meadhanach cudromach do dhualchas cultarail na h-Alba.

The Scottish Social Attitudes Survey 2021 included questions on Gaelic for the first time since 2012. It found that Gaelic contributed to wellbeing, with 70% of adults stating that learning Gaelic gave a sense of achievement. The number of Scots who could speak some Gaelic doubled from the previous decade and 79% of people said Gaelic is either very or fairly important to Scotland's cultural heritage.



Opposite:
An neach-ealain Màrtainn O'Connor a' stiùireadh turas bàrdachd na Gàidhlig ann am Pollokshields airson prògram Luchd-ealain ann an Coimhearsnachdan aig Glaschu Beò. Le cead bhon neach-ealain.
Artist Martin O'Connor leads a Gaelic poetry trail in Pollokshields for the Glasgow Life Artists in Communities programme. Courtesy of the artist.

Co-theacs Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig

National Context for Gaelic Arts

Tha geallaidhean ann an Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte a tha a' barantachadh còir gach neach cothrom fhaighinn air, pàirt a ghabhail ann agus tlachd fhaighinn à cultar, dualchas cultarail agus cur an cèill cultarach mar chòraichean daonna uile-choitcheann. Tha UNESCO cuideachd a' tuigsinn an àite a th' aig a' chànan dùthchasach agus ag aithneachadh gu bheil dìon riaghaltas na RA air dualchas cultarail do-bheantainn na phrìomh stiùir air poileasaidh, gu h-àraidh ann an co-theacs de bharrachd dlùth-chruinneas agus far a bheil cultaran a' sìor fhàs coltach ri chèile.

San fharsaingeachd tha na h-ealain Ghàidhlig a' cur aghaidh ri èiginn na gnàth-shìde, leis gu bheil a' Ghàidhlig agus a cultar gu dlùth-cheangailte ri dìon na h-àrainneachd nàdarra againn, a tha follaiseach ann am beul-aithris, bàrdachd is òrain, cleachdaidhean agus creideasan na Gàidhlig, agus a' chultar stuthach agus do-bheantainn aice. Cuiridh Plana nan Ealan Gàidhlig ri slàinte is sunnd choimhearsnachdan Gàidhlig agus cuiridh e cuideachd an aghaidh neo-ionannachdan taobh a-staigh co-theacs mion-shluaigheachadh, agus dearmad ro-innleachdail eachdraidheil air a' chànan, agus bidh e cuideachd a' toirt piseach air builean airson nan coimhearsnachdan sin.

There are commitments within the United Nations Charter which guarantee the right of everyone to access, participate and enjoy culture, cultural heritage and cultural expression as a universal human right. UNESCO also recognises that the role of indigenous language and the acknowledgement of the protection of the UK government of intangible culture heritage is a key policy driver, particularly in the context of increased globalisation and cultural homogenisation.

In broad terms Gaelic arts addresses the climate emergency, as Gaelic language and culture is intrinsically connected to the protection of our natural environment, which is evident in its folklore, poetry and song, customs and beliefs, and in its material and intangible culture. The Gaelic Arts Plan will improve the health and wellbeing of Gaelic communities as it addresses inequalities within the context of their minoritisation and the historical strategic neglect of the language, while improving outcomes for these communities.

Dealbh cuimhneachaidh a chaidh a bhrosnachadh le Mòd Nàiseanta Rìoghail Ghlaschu, leis an neach-ealain air mhuinntireas Sandy Moffat. Dealbh: Brian Hartley, 2020
A commemorative painting inspired by the Royal National Mòd Glasgow, by its artist in residence Sandy Moffat. Photo Brian Hartley, 2020



Tha grunn fhrèaman poileasaidh nàiseanta a' soillearachadh miannan Riaghaltas na h-Alba a thaobh leasachadh na Gàidhlig san fhad-ùine, a' sònrachadh àite nan ealan, cultair is dualchais, agus dleastanasan bhuidhnean poblach gus cur ri seo. Tha Bile nan Cànan Albannach a tha gu bhith ann ag amas air grunn phiosan reachdais eadar-dhealaichte mun Ghàidhlig ath-sgrùdadh agus amalachadh, a bharrachd air a bhith a' toirt a-steach uallaichean ùra a thaobh na Scots. San fharsaingeachd tha e ag amas air inbhean planadh cànan Gàidhlig a leasachadh, le iomradh air ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd thar sheirbheisean poblach co-cheangailte ri foghlam, turasachd, cultar agus na h-ealain.

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba airson 2023-28 cuideachd ag aithneachadh nan ealan mar aon de na prìomh dhòighean gus an cànan agus an cultair a chumail suas san àm ri teachd, mar a tha Ro-innleachd Cultarail airson Alba – a' cur cuideam air àite a' chultair mar dhòigh gus taic a thoirt do bhuilean phoileasaidh nas fharsainge a thaobh cùisean leithid slàinte, foghlam, leasachadh eaconamach agus co-leanaileachd coimhearsnachd.

Several national policy frameworks provide clarity around the Scottish Government's aspirations for the long-term development of the Gaelic language, specifying the role of arts, culture and heritage, and the responsibilities of public bodies to contribute. The forthcoming Scottish Languages Bill seeks to revise and integrate several separate pieces of legislation around Gaelic, as well as introduce new responsibilities regarding the Scots language. In broad terms it aims to improve Gaelic language planning standards with reference to community learning and development across public services related to education, tourism, culture and the arts.

